

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Troichean Chiseorn

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 941. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 637 corresponds to Litir 941.*

An cuala sibh riamh mu Throichean Chiseorn – teaghlach de dhaoine meanbh a bha ainmeil rin linn? Bha iad à Ciseorn, baile beag eadar A’ Chomraich agus Loch Carrann ann an Ros an Iar.

Bha mi air cluinntinn orra ach ’s ann dìreach o chionn ghoirid a chuireadh feòil air cnàmhan an sgeòil dhomh. Sgrìobh Ailean MacIllÌosa air a’ chuspair anns a’ bhlog aige mu eachdraidh na Comraich.

Ann an ochd ceud deug, ceathrad ’s a ceithir gu ceathrad ’s a còig (1844-45), thàinig fear beag Ameireaganach don Roinn Eòrpa. Ghabh e an t-ainm air fhèin ‘General Tom Thumb’. ’S e Phineas T Barnum a thug a-nall e, agus nochd Tom air beulaibh na Banrigh ann an Lùchairt Bhuckingham. Anns an latha an-diugh, cha tachradh a leithid ach, aig an àm sin, bhiodh daoine a’ falbh a-mach a choimhead air ‘boireannach le feusag’ no daoine eile le coltas neo-àbhaisteach orra.

Bha Tom Thumb dìreach air tilleadh dhachaigh nuair a dh’aithris Courier Inbhir Nis gun robh teaghlach **dhen aon seòrsa** a’ fuireach ann an Ciseorn. A rèir choltais, bha Donnchadh Fionnlasdan agus a bhean Catrìona dhen àird àbhaisteach. Ach bha triùir chloinne aca agus bha iad uile nan troichean – Fionnladh, Iain agus Màiri. Rugadh is thogadh iad ann an Treamhar nam Preas aig bun Bealach nam Bò.

Thug an aithris sa phàipear-naidheachd buaidh mhòr air an teaghlach. Bha Donnchadh air bàs fhaighinn agus bha iad bochd. Thàinig barrachd air fichead duine gan ionnsaigh, ag iarraidh orra dhol gu deas far am biodh air an sealltainn do dhaoine mar ‘Highland Tom Thumbs’. Mu dheireadh, dh’aontaich Fionnladh, Iain agus Màiri cùmhnant bliadhna le fear, Uilleam MacCoinnich, à faisg air a’ Mhanachainn. Bha Fionnladh, am fear a bu shine, mu fhichead bliadhna a dh’aois agus bha Màiri dìreach còig-deug.

Dh’ionnsaich iad dannsaidhean Gàidhealach agus òrain Ghàidhlig agus bha iad air an sgeadachadh ann an trusgan Gàidhealach. Bha Fionnladh làidir agus bhiodh esan a’ giùlain chuideaman mòra. Chaidh MacCoinnich cuide riutha gu ruige Lunnainn agus, anns a’ Chèitean ochd ceud deug, ceathrad ’s a sia (1846) nochd iad air beulaibh na Banrigh. Ghabh iad òrain agus rinn iad dannsaidhean agus bha iad taitneach don Bhanrigh. An dèidh sin, bha iad deiseil airson nochdadh gu poblach ann an Lunnainn. Chosg e dà thastan a choimhead orra, agus thàinig an luchd-amhairc nan dròbhan. Bha dealbh de na ‘Highland Dwarfs’ anns an *London Illustrated News*.

Chuir an triùir seachad bliadhna ann an Lunnainn. Dh'ionnsaich iad Beurla an sin. Thill iad an uair sin a dh'Alba far an do rinn iad cuirmean poblach mus do thill iad dhachaigh. Ghluais iad à Treamhar nam Preas gu ruige Cnoc a' Mhòid faisg air Ciseorn. Tha an taigh aca fhathast na sheasamh agus tha daoine ga aithneachadh mar Taigh nan Troichean '*The Dwarfs' House*'. B' e Fionnladh – am fear a bu shine – a b' fhaide a bha beò. Chaochail esan timcheall air naoi ceud deug is còig-deug (1915).

Gu h-annasach, nuair a bha Troichean Chiseoirn ainmeil, nochd aithris ann an Courier Inbhir Nis gun robh troichean Gàidhealach eile a' dèanamh air Lunnainn, fo stiùir fear Ruairidh Dubh Beag à Ros an Iar. Cha robh dachaigh aig Ruairidh. Bha e a' fuireach ann an uamh. Cha robh anns an aithris ach breug – rud ris an canadh daoine an-diugh '*fake news*'. **Chan eil càil às ùr fon ghrèin!**

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Troichean Chiseoirn: *The Kishorn Dwarfs*; A' Mhanachainn: *Beaully*; Cnoc a' Mhòid: *Courthill*; uamh: *cave*.

**Abairtean na Litreach:** teaghlach de dhaoine meanbh a bha ainmeil rin linn: *a family of small people who were famous in their day*; 's ann dìreach o chionn ghoirid a chuireadh feòil air cnàmhan an sgeòil dhomh: *it's only recently that meat was put on the bones of the story for me*; sgrìobh Ailean MacIllÌosa air a' chuspair anns a' bhlog aige mu eachdraidh na Comraich: *Alan Gillies wrote on the topic in his blog about Applecross History [applecrosshistory.wordpress.com]*; ghabh e an t-ainm air fhèin: *he took on the name*; air beulaibh na Banrigh: *in front of the Queen*; cha tachradh a leithid: *the like wouldn't happen*; ann an Treamhar nam Preas aig bun Bealach nam Bò: *in Tornapress at the base of Bealach nam Bò*; bha Donnchadh air bàs fhaighinn agus bha iad bochd: *Duncan had died and they were poor*; thàinig barrachd air fichead duine gan ionnsaigh: *more than twenty people came to them*; ag iarraidh orra dhol gu deas: *wanting them to go south*; dh'ionnsaich iad dannsaidhean Gàidhealach agus òrain Ghàidhlig: *they learned Highland dances and Gaelic songs*; air an sgeadachadh ann an trusgan Gàidhealach: *cloaked in Highland garb*; bha iad taitneach don Bhanrigh: *the Queen approved of them*; chosg e dà thastan a choimhead orra: *it cost two shillings to see them*; thàinig an luchd-amhairc nan dròbhan: *audiences came in their droves*; tha daoine ga aithneachadh: *people know [recognise] it*; b' e Fionnladh – am fear a bu shine – a b' fhaide a bha beò: *it was Finlay – the eldest – who survived longest*; gun robh troichean Gàidhealach eile a' dèanamh air Lunnainn: *that other Highland dwarfs were making for London*; cha robh anns an aithris ach breug: *the report was but a falsehood*.

**Puing-chànain na Litreach:** gun robh teaghlach **dhen aon seòrsa** a' fuireach ann an Ciseorn: *that a family of the same type was living in Kishorn. Note there is no intrusive 't' in front of seòrsa here, even though the word is in the definite singular dative. We would say dhen t-seòrsa sin but the inclusion of aon breaks that relationship and the 't' is no longer applied. Here is another comparison (where I sometimes hear a 't' misapplied) – tha iad san t-suidheachadh sin BUT tha iad san aon suidheachadh. It is incorrect to say tha iad san aon t-suidheachadh.*

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** Chan eil càil às ùr fon ghrèin: *there's nothing new under the sun [it's all been done before]*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA